

Cumail do choinneimh tro bhidio

Near Me

Tha conaltradh bhidio goireasach agus furasta

An àite a bhith a' siubhal gu coinneamh, thèid thu gu raon-feitheimh air-loidhne, a' cleachdadh a' cheangail gu h-ìosal.

Chithear gu bheil thu ann, agus nì solaraidhe ceangal dhut cho luath 's a bhios cothrom.

Chan fheumar cunntas a chruthachadh.

Bidh do cheangal bhidio tèarainte agus bidh do phrìobhaideachd air a dìon.



Ciamar a fhrithealas mi mo choinneamh bhidio?

Briog air:

Dè dh'fheumas mi airson gairm bhidio a dhèanamh?



Inneal airson ceangal bhidio a dhèanamh, leithid fòn tapaidh, tablaid no coimpiutair le camara agus glaodhaire (a tha gu tric an cois laptop).



Ceangal eadar-lìn seasmhach (uèirichte, Wi-Fi no dàta siubhail).
Mas urrainn dhut bhidio fhaicinn air-loidhne, bu chòir dhut a bhith comasach air gairm bhidio a dhèanamh.



Àite prìobhaideach le deagh sholas airson do choinneimh – far nach cuir duine eile dragh ort.



Cleachd an riochd as ùire de **Chrome, Safari** no **Edge** airson na gairm bhidio as fheàrr.



Google Chrome
Windows, Android,
MacOS



Apple Safari
MacOS, iOS,
iPadOS



Microsoft Edge
Windows

Air duilleag 2 gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air mar a nì thu gairm bhidio

Fiosrachadh cudromach

A bheil e tèarainte / dìomhair?

Bidh seòmar bhidio prìobhaideach agad a tha fosgailte a-mhàin do dhaoine le cead.

Cha ghleidhear fiosrachadh a chuireas tu ann.

Cha bhi coinneamhan air an clàradh.

Dè chosgais gairm bhidio?

Tha gairm bhidio an-asgaidh, ach a-mhàin na chosgais tu air an eadar-lìon.

Fios! Mas urrainn dhut, dèan ceangal ri lìonra Wi-Fi gus nach bi agad ri dàta siubhail a chleachdadh.

Dè na chleachdas mi de dhàta eadar-lìn?

Cha chleachd a' ghairm bhidio dàta fhad 's a tha thu a' feitheamh ri neach eile.

An dèidh ceangal a dhèanamh, cleachdar uiread de dhàta 's a chleachdar le Skype® no FaceTime®.


Ciamar a nì mi gairm bhidio?

Fosgail do bhrabhsair agus cuir seòladh-lìn na seirbheis a-steach don bhàr-sheòlaidh (seach am bogsa-luirg).

Nuair a tha thu deiseil, briog air a' phutan **Tòisich Gairm Bhidio**.



Fios! Dèan gairm-dheuchainne ron choinneimh airson a bhith cinnteach gu bheil e ag obair.



Bidh an siostam a' tomhas co-dhiù tha a h-uile càil ann an òrdugh (eadar-lìon, glaochaire, maicreafòn agus bhidio).



Ma thèid iarraidh ort, ceadaidh do bhrabhsair inntrigeadh a dhèanamh dha do chamara is maicreafòn.

Cuir a-staigh d' fhiosrachadh, cuir cromag sa bhogsa airson aontachadh ris na Teirmichean is Cumhaichean, agus tòisich air do chòmhradh.



Airson a' choinneamh a thoirt gu ceann, briog air **Deiseil**.

Fios! 'S iomadh duilgheadas a thèid a chur ceart le bhith a' briogadh air Ùraich.



Dè nì mi mura h-eil e ag obair?

Tadhail air <https://nhs.attendanywhere.com/troubleshooting>

Tuilleadh fiosrachaidh

